

MAC-TALLA.

"An ni nach cluinn mi an diugh cha'n aithris mi maireach."

VOL. I.

SIDNI, C. B., DI-SATHAIRNE, IUN 25, 1892.

No. 5.

E. T. MOSELEY, Q. C.,

Comhairliche, Fear - tagraidh,
&c.,

SIDNI, C. B.

Murray & Mac Connich,

Comharlaichean, Fir-tagraidh,
&c.,

SIDNI TUATH, C. B.

G. H. MURRAY.

D. D. MAC CONNICH.

HEARN & HEARN,

Fir-Tagraidh, Notairean,
&c., &c.,

SIDNI & ARICHT.

J. H. HEARN.

D. A. HEARN.

SEUMAS A. CAIMBEUL.

Brioscaidean, Nithean-milis
Ti, Siucar, Cofi, Tombac'
agus Sigars.

SIDNI, C. B.

THUGAIBH FANEAR.

Reic W. E. Peters ri F. Falconer an
obair-dhiolaidearachd a bha e cuir air
adhart ann an Sidni.

B'ih an obair sin air a cumail air adhart
anns an aite cheudna le ARTHUR FAL-
CONER, a bha o chionn ghoirid ag obair
anns na taighnean diolaidearachd a's fearr
a tha m Boston.

ACFHUINN EACH DHE GACH SEORSA
air laimh

F. FALCONER.

Sidni, C. B., Mai 26, 1892.

NAIDHEADAN NA SEACHDAINN.

Tha Righ agus Ban-righ na h-Eadailt
air chuairt anns a Ghearn ailt.

Riun storm chi a meallain milleadh
mo air fion-liosan anns a Fhraing an la
roimhe.

Bha Chuirt Mhor ann an Sidni air an
t-seachdann so. Bha fishead cas ri
fheuchainn.

Tha'n cruithneachd fo dheis ann am
Manitoba's tha choltas air gu'm bi barr
math ann am bliadhna.

Mharbh Micheil Sim, ann a' Halifax,
dha dheug de chait fhiadhaich, agus aon
mhathan, o chionn ghoirid.

Thainig fear, Henry Horne, Halifax, ri
bheatha fein o chionn seachdann. Ghearr
e cuisle 'na chois a' uis thraighe gu bas.

Chaidh da each a' b'fhiach \$10,000 am
fear a' mharbhadh leis an dealanach ann
am Bloomington, Illinois, air an 17mh la.

Air an t-seachdann a chaidh, mharbh-
adh 16 duine le tens na griene, ann an
New York, agus bha 19 duine tinn leis a
bhric.

Tha triuir tinn leis a bhrie ann an tigh-
eiridinn Halifax. Tha dithis dhiubh so
gle ional, ach tha'n treas fear a dol na's
fearr.

Fhuaradh Edward Greenwood, diolla-
dair a mhuinntir Eilein Phrionns' Iomhair
air a bhathadh faisg air Boston air an
17mh la.

Tha da long chogaidh ann an acarsaid
Shidni air an t-seachdann so, am Buzzard,
Iug Bhreatunnach agus an Laperouse,
long Fhrangach.

Chaidh faisg air 14,000 tunna guail a
chuir a mach a mein-ghuail Chow Bay air
Di-sathairne s'a chaidh. Bha mhein sin
na tamh latha no dha roimbe sin le cionn
soithichean a bheireadh air falbh an guail.

Chaochail Iain Hedèr, duine dubh a
bha 109 bhiadhna 'dh'aois, aig Colchester
Ontario, Disathairne sa chaidh. Rugadh
e ann an Virginia 'sa bhiadhna 1783, agus
thainig e gu Colchester o chionn leth
cheud bliadhna.

Tha cain \$20 no 30 la priosain air neach
sam bith a reiceas tombac ri gille nach eil
sia bliadhna deug a dh'aois, gus gille sam
bith aig am faighear tombaca, theid \$5
de chain a chuir air, no gheibh e seachd
latha priosain.

Chaidh Grover Cleveland ainmeachadh
leis na Democrats air son a bhi na Cheann-
suidhe air na Staitean. Bi'ih an cath a
nis eadar e fein agus Harrison. Bha
Cleveland na Cheann-suidhe fad ceithir
bliadhna roimhe.

Cha'n eil Mr. Blaine na Runair na
Staite (Secretary of State) ni's fhaide.
Tha e coltaah nach robh an ceann-suidhe,
Harrison, a cuir gach ni 'na chead mar bu
mhath leis. Ghabh e so 'san t-sroin cho
mor 's gu'n leig e dheth an ofig.

Tha paipear naigheachd ann an Lunn-
ain ag radh gu bkeil bruidhinn air Feill
mhor a bhi anns a bhaile sin air an ath
bliadhna. Ma bhios sin ann, cha bhi
Feill an t-Saoghal ann an Chicago cho
iomraiteach sa bha muinntir an duil.

A reir coltais tha Edward Blake a dol
a null a dh' Eirinn, 'sa dol a dh' fheuch
ainn ri aite-suidhe fhaotainn ann am
Parlamaid Bhreatuinn. Tha e deanamh
so air dian irrrtas na pairtidh Eironnach.
Tha Blake na dhuine tapaidh, 's cha'n eil
teagamh nach bi e fennail dhaibh ann a
bhi tagradh air son Fein-riaghla.

Tha na h-Eirionnaich cho deigheil air
an t-sabaid sa bha iad riamh. 'Nam bhi
taghadh Ball Parlamaid bi' dh an da
phairtidh a gabhail da cheile le maidean's le
clachan. Bha sabaid dhe'n t-seorsa sin aca
an la roimhe anns an robh moran air an
leon gu dona. B'fheudar do'n arm tigh'nn
a chuir stad err.

Dh'fagadh \$2,000,000 mar dhileab aig
b an ministeir anus na Staitean. Nuair
a bha i na mighinn oig, fhuair i eolas air
duin og beartach a bha gle thoileach a
posadh, ach cha ghabhadh i gnothuch ris.
Chaochail an duine sin o choim sia bliad-
hna, agus dh'fag e airgiod uile aice,
nam biodh i beo seachd bliadhna 'n deigh
a bhais. Ma bhios i beo bliadhna' eile
gheibh i'n t-airgiad.

MAC-TALLA.

Bidh MAC-TALLA air a chuir a mach usair 'san t-seachdainn air madrainn Di-Sathairne. A phris 50 sent 'sa bhliadhna; aon aireamh 2 shent.

Bidh am fear-deasachaidh tolichte bhi chluinntinn o chairdean na Gaeilge ge be aite 'm bheil lad agus bidh e ro-thaing il airson dad sam bith a chuidicheas le MAC-TALLA, litrichean, maidheachdan, &c., &c. Feumaidh gach ni dle'n t-seorsa sin a bhi sgriobhthe air aon taobh dhe'n phaipeir.

Seolaibh gach litir'us eile gur

J. G. MCKINNON,
MAC-TALLA,
Sydney, C. B.

SIDNI, DI-SATHAIRNE, JUN 25, 1892.

Tha sinn a cuir aireamhan dhe'n MHAC TALLA gu muinntir nach do chuir an ainmean thugainn mar ghabhaltachean fhathast. Tha sinn a deanamh so 'an dochas gu'n cord e riutha agus gu'n gluais e iad gus an ainmean agus an t-airgiod a chuir thugainn comhladh. Tha sinn cinnteach gn'n dean moran diubh sin luath no mall, agus' chaoimhneadh iad moran dragh dhuinne, agus ma dh' fhaoide fein na'n deanaidh iad beagan cabhaig.

Ann an ait eile gheibh ar leughadear an paippear a labhairt air "Fein-chumailteachd na Gailig." Tha'm paippear so air a sgriodhadh le aon de na sgoilearan Gailig a's fhearr ann an Canada, agus is airidh e air a leughadh uair no dha. Tha sinn an dochas nach eaillear an leasan air a mhuinntir sin a tha cho diegheil air a bhi cleachdadh facail mhora, Bheurla, 'measg an cuid Gailig. Cha'n eil e idir na ni toilichte 'bhi'g eisdeachd ri seanachas nach bi fhios agad co dhiu 's Beurla no Gailig e, ach 's tric sin ri chluinntinn anns an duthaich so.

LITIR BHO "DHOMHULL BOB."

Piseach agus busaidh ort a MAC-TALLA! 'S mor a solas a tha thu cinntinn dhomh air gach feasgar Di-mairt o'n thaobh thu na criochan-s'.

Se thogas oirnn fonn ged Bhitheamaid trom,

'Us gnothaichean lom aig bail.

'S a dh' fhag as ro ard ar 'n inntinn 's ar 'n adh

'Nuair gheibh sinn Di-mairt MAC-TALLA.

Tha mi leirsinn gu bheil beagan a talach air meud MAC-TALLA, ach tha e duilich dad a dhianamh gun chuid-eigin a bhi talach. Bheirinn sanais doibh-san, tha faighinn na coire, tighinn air adhart agus an guallainn a chuir ris a chuidhleidh, a cuimhnachadh gu bheil MAC-TALLA og agus oidhirpeach. Tha na Gaidheil mu chuairt an taobh so ro ard an clu air, agus cha'n iognadh e. 'Se fir gun tuigse a tha deauamh di-meas air, ach their mi san deallachadh, "Biodh iadsan a bruidhinn 's bith na h-uibhean againne!"

FEIN-CHUMAILTEACHD NA GAILIG.

Cha'n eil feum aig a' Ghailig air facail iasaид mar a ta aig a' Bheurla, a tha air a cur ri cheile le facail iasaيد bho gach canain air thalamh, bho'n Laidinn, bho'n Ghreigis, bho'n Ghailig, agus bho iomadh cainnt'eile, Is furasda facail ura Ghailig a dheilbh bho fhriamhaichean an taobh a stigh de'n chanain fein; cha'rtig i leas mar sin a bhi an eiseamail dol a dh' iarraidh coinghill air canain sam bith. A mach bho'n Ghreigis agus bho'n Ghearmailis, chan'eil canain air bith eile ri fhaotainn, anns am fasa facail ura dheilbh na a' Ghailig, bho fhriamhaichean inntithein. Chithear sin ma bheirear fainear na briathran a bha air an gnathachadh leis na seann Ghreugaich, nuair a thainig an coisghe air tus d'an ionnsuidh, agus nuair a b'eigin daibh facail ura dheilbh air son diamhaireachdan an t-soisgeil a chur an ceil; agus gu h-araid an diamhaireachd ma dheibhinn daonnachd an t-slanuigheir. Tha e furasda gu leor na briathran sin a chur ann an Gailig a bhitheas so-thuiginn down a h uile neach aig am bheil eolas ceart air a' chanain, agus d'an aithne a riaghailtean. Ghnathachadh na Greugaich iomadh briathar, a mheas iad froagarrach, gu bhi a' ciallachadh na diomhaireachd moire so, gun d'rinnheadh Mac Dhe 'na dhuine, B'iad na briathran a chleachd iad mar bu trice iad so, Sarcosis, Ensartosis, se sin ann an Gailig, Feoil-ghabhail, no Feoilneachadh, ris an abra Incarnation sa' Bheurla, bho'n Laidinn Incarnatio do reir briathran Eoin J. 14 "Rinneadh am Focal 'na sheoil." A ris chleachd iad facail eile mar a tha Enanthropesis, ann an Gailig Daonnachd, nuair a runaich e 'an Nadur Daonna sin a dheanamh aon ris fein." Cha'n eile focal sam bith sa' Bheurla no san Laidinn, a co-fhreagairt do'n briathar so. Oir ged a tha an t-ollamh Eoin Owen ag eadar-theangachadh an fhacail so sa' Bheurla Inhumanation bho'n Laidinn Inhumanatio, cha'n eil am focal aon chuid ann am Beurla no an Laidinn ri fhaotainn. Agus chleachd iad am focal Ensomatosis, se sin an Gailig Corp-ghabhail, Corpachadh, no coluinn-eachadh. Cha'n eil focal idir sa' Bheurla a fhreagras da so. Ghnathaich iad cuideachd na facail so; Eleusis Tighinn no teach; Kenosis Falmhachadh. Epiphancia Christou, Taisbeanadh chriosd. Fanerosis dia Anthropotetos, Foillseachadh tre'n Daonachadh. Funerosis en Sarki, Foillseachadh san fheoil. Sungatbasis, Coimh-isleachadh, Hamila dia Sarcos, Caithbeastha tre'n fheoil. Despotike Epidemia, Elthireachd no Tsisdealachd an Tigh-earna. Paroisiu, Lathaireachd. Oikonomia Rian, no rianachadh, agus an leithid sin. A nis cha'n eil aon diubh nach gabh cur an Gailig freagarrach ris a' Ghreigis, agus ris an ni a ta air a chialachadh; agus a bhithreas ionchiudh; agus so-thuiginn do'n a h-tille neach aig am bheil Gailig. Chi sinne mar so cho fein-chumailteach 's a tha a' Ghailig, cho pailt-bhriathrach, luthainn, subailte 'sa tha i, agus cho furasda 's a tha e briathran ura freagarrach a dheilbh innt'e do reir ciall agus gne' na Canain.

D. B. B.

D. MAC 'ILLINNEAN,

TAILEIR,

SIDNI, - - C. B.

Aodaichean Sassenach agus Albanach dhe gach seorsa 's grinn 's is shearr, a feitheamh ri'a cur zu feum. Duine sam bith a dh' fhagas a thomhas aig Mac 'Illinnean, bidh e cinnteach a deise cho cumadail 's cho fasanta 's gheibhean an site sam bith.

TAGHAIL ALG

Aoghnas Domhnall ach

CEANNAICHE,

SIDNI, - - - C. B.

Tha Flur, Min, Siucar, Ti, Tombaca, Coirce, Feur, agus iomadh ni eile aige.

RIN REIC SAOR!

THA

E. C. NIC FHIONCHAIN,

SIDNI, C. B.

A reic Measan dhe gach seorsa, Canndaigh, Brioscaidean, Siucar, Cof, Ti, &c.

Ti, Cof, Bainnie, agus deochannan stu eile air laimh an comhnuidh. Biadh air dheasachadh an tine ghoirid.

SANAIS.

Thigibh an so,

Thigibh an so:

Thigibh an so le bhur ctinneadh.

Thigibh an so 's gheibh sibh cunnradh.

Gheibh sibh rud daor.

Gheibh sibh rud sasor.

Gheibh sibh gach ni mar bu run leibh.

Thigibh an so 's gheibh sibh cunnradh.

Seachnaibh na h-uile

Dheoghladh bhur cuid,

'San teanga 'nam pluic oirbh a burtadh.

Thigibh an so 's gheibh sibh cunnradh.

TIGH ACADIA;

FUINEADAIR NA MANACHAINN.

Aig am Blar Chail-fhodair bha bantrach anns a' Mhanachainn aig an robh son mhat. "Is am b' amsa Domhnall Friseal. Chaidh e comhlaich ris na Frisealaich eile do 'n obhar. Chaidh an ràig air na roibalaich, agus theich Domhnall as cho leath agus a bheireadh a chasan o dhneadh an Mhanachainn. Bha a mathair baochd toilichte thaitinn air ais a ritist, gun enaillie, gun leot, gun lochd, gun fallain, bochd, traugh, acrach, agus agith mar a bta. Bha eagal a bheatha air tanach oifliche a ghashtail am bothan a mathair a thosb gun robh an t-airm dearg air toir feadh-cabhair a' Phriodha, god is ann leis a' chrois-tara no leine a chaidh a' chaid is mo dho na Frisealaich iomairn ga seachd oighre Mhorair Sim do 'n deach an ceann a thoirt. Bha e mar se tra shogarrach fad thrí bliadhna thall agus a bhos a' gabhl comhnuidh anns na enio, na sluic, garbhais, coille, creag agus uamh a gheobhadh e eadair Loch-nam-bonnach agus Loch-nam-ian am braigh na Manachainn. La dho na laithean, aig ceann nan tri bliadhna, ars' ean ri mathair, "A bhean, tha mi agith dho mo bheatha; tha sinn a mò bochd agus dom, gun bhiodh, gun nodach. A dh'aindeoin na dh' fhiosas tighinn orm theid mi dh' fhiosas ann am faigh mi cosnadh." Chan fhios air, "ars' isse, 'gus am faigh thu bonach, agus beannachd do mathair." Rinti i bounach Bealltaint da nithean na maidean, agus thog e air le bonnach agus beannachd a mathair, agus thug e Inbhir-Nis air. Ach cha d' fhios e cosnadh no cosnadh anns a' bhadair. An sin thug e baile Inbhir-Narunn air agus fhuaire e cosnadh an sin. Ghabh e cairtealan sunn an tigh ceann duine aig an robh son leanabh nighion. Togadar air Domhnall agus shin e air suirigh air an nighean, agus phos e i. Ach oidhche na bainuse ge b' e ciod a chainig a stigh air innsean Domhnall. Dh' eirich e as a leaba, cheir e air nodach agus dh' fhag e an rad. "Ghabh e air aghaidh gus an d' rainig e baile Che far an d' fhios e ri obair fhaighinn ach cha d' fhuaire. Chaidh e ris gu baile Hundaith, ach dh' fhaitlich air obair fhaighinn an sin. Ma dheireadh theab e bas an acais fhaighinn, oir mir no deur cha d' fhuaire mo laoch bho'n dh' fhag e Inbhir-Narunn. Cha robh air no dheth ach gum b' fheudar dha dol a shireadh na deirce. Chaidh e stigh do bhuth fuineadair agus thuir e "An ainm Dhe thugaibh dhomh greim bidh, oir tha mi a faighinn bas an acais." "Mir no deur chan fhaigh thu uamsa, a bheathaich ghrainde," ars' am fuineadair; "na'm bithinn a' toirt do na h-uile fear dhe do leithidse tha tighinn an Rathad cha mhor a bhiodh agam dhomh fhein." "O," arsa Domhnall bochd, "na teigibh dhomh bas an acais fhaighinn;

tlo'ribh biadh dhomh agus ni mi rud sam bith a dh' iarras sibh orm" "Ciod e, ars' am fuineadair ris, "is urrainn duit a dhreamh." "Is urrainn," arsa Domhnall, "domh cosnadh a dhreamh." "Ach," ars' am fuineadair, "chan 'eil feum cosnach orm, agus chan urrainn duit fuineadaireachd a dhreamh." "Ach nach gabhadh ionnsachdann orm," arsa Domhnall. "Ghabhadh, gun tegamh," ars' am fuineadair, ach gabhadh tu seachd bliadhna ga tri-ionnsachdann." Their dhreamh biadh," arsa Domhnall ris "agus 'sa mhadtuinn is mise do ghille." Riarach e seachd bliadhna do 'n fuineadair, agus aig ceann nan seachd bliadhna ars' am fuineadair ri Domhnall: "Tha mi ro bheidheach ort. Riarach thu do thim gu h-onarach, 's an diu chan 'eil fios agam e' ait am beil fear coisard nas shearr na thu. Ach 's ann nach 'eil fios agam eiod a ni mi as t' easbhuidh. Ma thamhas tu agam airson seachd bliadhna eile, bheir mi dhuit leithid so a dhuis [agus e cur ainn air] airson nan seachd bliadhna a dh' fhios agus an t-aon tuarasdan airson nan seachd bliadhna tha ri thighinn? Annas a' mhadtuinn deir Domhnall, "Is mise do ghille." Riarach e seachd bliadhna eile do 'n fuineadair, agus chaidh na fir troimh a t-son chainnt's a bha eatorra aig ceann a' chasad seachd bliadhna, ach gun deach da tiread a ghealltainn dha airson an treas reachd bliadhna's a bha aig ri thraighean airson nan ceithir bliadhna diag a dh' fhios. Chord iad mar a b' abhaist, agus riarach Domhnall coir bliadhna ar fhichead do 'n fuineadair. Aig crioch an am so ars' am fuineadair ri Domhnall: "Chuir thu nis ceann finid air na tri seachd bliadhna, agus ma riaracheas tu seachd bliadhna eile dhomh, bheir mi tiread dhuit airson nan seachd bliadhna tha ri thighinn 's a tha agad ri thraighean airson a' bliadhna ar fhichead a dh' fhios." "Is mi nach tamh airson aon bhliadhna eile," arsa Domhnall. "Theid mi dhachaidh a choimhead mo mhathana." "Do mhathana," ars' am fuineadair. "Am beil bean agadas! Is iongantach an duine thu. Tha thu an so nis bliadhna ar fhichead 's cha chualas riann gun robh bean agad. Ach nis co dhiau 's shearr leat na tri tuarasdan na tri comhairlean." "O," deir Domhnall, "mts b' urrainn dhomh a' cheist sin fhreagairt, dh'fheumainn comhairle iarraidh o urra nas glice na mi shein. Ach iannsidi mi dhuit air chinn na maidne."

(Ri Leantuinn.)

Bha coinneamh mhor aig muinntir Ulster an Ceann-tuath Eirinn, air an 17mh la. Bha miltean a lathair, agus thog iad an guth gu laidir an aghaidh Feinn Riaghlaich a thoirt do Eirinn. Tha na paipearan Sassunnach ag radh nach robh a leithid de chruinneachadh ann am Breatuinn o chioan iomadh bliadhna,

BARGAIN.

B'fhearr leinn gu feuchadh sibh am Flur, a Mhin, an Siucar, 'san Ti a tha sinn a reio. Tha h-uile duin' ag radh gur h-ann agus agus greibh iad an cumhradh a's shearr, agus gu bheil sinn a reic ar bathair nis saoire na son de chas.

Botainnean & Brogan air a phris a phaighdeadh tu ort a smu an fhaoridh.

Fiodh agus gach aille air son togail thaighnean gle shaoir.

C. H. HARRINGTON & CO.
Sidni, C. B.

Ma Cheannaicheas to Bathar

—BHO—

C. S. JOST & CO.,

Cha bhi aithreachas ort.

Airson ad no boineid ruig

MAIRI A. NIC FHIONGHAIN,

aig a bheil

ADAN,

BOINEIDEAN,

RIBINNEAN,

FLURAICHEAN,

ITEAN.

agus iomadh ni eile. Ad saor no daor mar a's ail leat. Tha'n ad a's saoire gle mhath, ach si'n ad a's dvoire 's shearr.

Am bheil Piano, Organ no Inneal-fuaigheal a dhith ort?

Cha'n eil inneal-ciuil ann an Canada ni's shearr na Pianos agus Orgain "Kharm." Fhuair iad cliu mor aig Feill Halifax an uiridh.

Agus 'se'n "Raymond" agus an "New Williams" am da Inneal-fuaigheal a's shearr a tha ri'm faotainn air thalamh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh ruig, no sgriobh gu

C. B. TRAVIS,
P. O. Box 68, Sydney, C. B.

FACAL BHÓ "SHEORAS."

A Charaide:

Thanig am paipeir Gaelig—MAC TALLA gam iunnsaigh an de, agus rinn mi mor thoileachadh ris gun teagamh. Tha e gu dearbh na ní taitneach, paiper a bhi againn an cainnt ar sinnseir, na daoine foghainteach, fulangach, treun sin a dh'araichadh fo sg. iùl nam beann, ann an "tir nan gleanin, sna 'm beann, 's nan gaisgeach." Tis ic a lì reusen againn air uail a bhi again as ar sinnseir; agus cha ne 'm fear is lugha dhìu an cuimhneachan a th'againn air eòl dileas agus cho neocheachara sa bha iad. Air son so a dhearbhadh, foghnaidh dhuinn meoir-eachadh air mar sheol iad ad shein mar dhaoine nuair a bha Prions Tearlach na shogairach sna garobh-chriachan ag us. £30,000 do dh'airgead cinn a mach air a shon, ach cha d'fhuaireadh duine riabh a measg nan Gael a b' iùl e, geda bha fios ro m'hath aca far an robh e 'm falach. Agus cia mar is urrainn dhuinn an cumail nar cuimhne na's fhearr na le 'u cainnt a chumail a'n cleachdadh.

Ach mu'n phaipeir. Tha e beag gun teagamh, ach chaneil air ach smachd na h-òige; agus tha phris beag air an reir. Tha iad adrath nuair bha MacAsail am famhair a bhàn an St. Ann's—na leanabh gu roda e combarachd beag. Ach dh'fhas e mor a rithid. Air an t-seol chiadna, ma gheibh Mac-TALLA leor do threachd-an-tr, agus a chumail glan, siobalta, cha'n eil teagamh nach fas esan mor, cuideachd. Thughamh, ma ta, mar a theireadh fear roimhe "uinnleag" dha air adhart. Ach feumaidh mi tighinn gu orich, mu'n toir mi mach Moran rum. Dh'fhaoidte gu'n cluinn sibh bhuam fhathast.

'Nr Caraide,

SEORAS:

14th Jun, 1892.

GUTH A ST. ANN'S.

Tha 'n treas airciamh de MAC-TALLA air tighinn d'ar n' ionnsaigh air an t-sheachdann so agus tha sinn gle-thoilichte air a bhi 'ga fhaotainn, gu dearbh. Tha na h-uile ni air a chuir sios ann an abarrach doighil, us tha mi an duil nach urrainn neach sam bith a bhi faighinn coire dha. Cha'n eil teagamh nach eil cuid ann cho gineolaich us gun bi iad a gearan air cho beag 's a tha e. Ach cha bu' choir do dhuine sam bith a bhi cho mi-thuingeach 's gu'n iarradh e am paipeir so a bhi dad na's mo na tha e airson leth dolair. Cha'n eil aon neach anns am beil spiorad an fhior Ghaidheil 'us a leughas Gaelic, nach bi tlachd aige 'm paipeir so a bhi tighinn 'ga ionnsaigh uair's an t-sheachdann, air cho beag 's ga 'm beil e. Sann is eòir da na h-uile bhrig gu fl. Maidh a cuideachadh leis 'us ma ni iad sin cha'n eil teagamh nach ann a fas mor a bhithreas e. 'Se so fionntinn gach Gaidheal ceart, nrur eil umaidh an sid 'san so dha nach aithne na's fhearr. Tha e gle mhiseachail leam bhi cluinnntinn nan daoine 's tuigsich a moladh an dìchill ta air a dheanamh ann a bhi clo-bhualadh MAC TALLA. Tha e taitneach leam cuidachd, a bhi toirt fanear gu'm beil a chuid as mo gle innseach air lì hi cuidachadh leis. A mhuianntir nach dean sin, cha mhor a's fhìach iad.

DONN DEILAS.

St. Ann's, Jun 17th.

Chuir an Soitheach-smuid "Harlaw" air tìr gu

COINNEACH R. MAC COINNICH,

SIDNI TUATH, C. B.

- | | |
|-----|---------------------|
| 150 | baraile Siucair, |
| 250 | " Fluir, |
| 100 | " Min Choirce, |
| 10 | " Molasses, |
| 100 | bocsa Tombaca. |
| 200 | ciste Ti a Lunnain. |

Feol air a spiosradh, agus moran de sheorsaichean eile nach gabh ainmeachadh as so. Faiceadh gach neach air a shon fein.

LEUGH SO.

Tha mi reic Uidheaman-Giulain dhe gach seorsa na's saoire na gheibh bear an aite sam bith eile 'n Ceap Breatuinn. Bheir mi dhuit Cairt-Rathaid air \$22. Tha mi dol an urras air gach Carbad a ni mi gu'm bi thu riaraichte leis.

Ceannaich do Charbadan 'nad dhuthaich shein, sna bi cuij do chuid airgid air falbh, gu h-araidh, 'nuair a gheibh thu cho saor agus cho math aig an tigh

D. W. MAC FHIONGHAIN,
SIDNI TUATH, C. B.

Taghail aig Stor

MATHESON, TOWNSEND
& CO.,

agus faic na tha aca de

Bhathar de gach seorsa,

agus e ri reic gu saor.

Math ar Duthicha tha 'nar beachd.

COMHRADH.

- "De'n uair a tha e?"
"Tha e coig maionaidean an deigh tri."
"Ciamar a tha fios agad?"
"Nach do sheall mi air m' uaireadear."
"Dh'fhaoidte gu bheil an t-uaireadear sin ro-luath."

"Cha'n eil e luath no mall riamh on a chaidh a chuir air doigh mu'n am so 'n uiridh. Bha e roimhe sin 'cho mi dhoigheil 's bha 'leithid riamh, air aon spoig, 'se cho gliogach 's nach b' urrainn dhomh feum sam bith a dheanamh dheth. Ach an drasda 'se uaireadear cho math sa tha 'san duthaich."

"Co 'charaich e?"
"O, nach be cheist e! Charaich

GUZZWELL & RHODES,

ann an Sidni, feadhainn da 'm b'aithne charadh."